

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Airson Sgaoileadh sa bhad

08/12/2015

Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air Bile an Fhoghlaim a tha nas làidire

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air mar a cho-dhùin Riaghaltas na h-Alba na cumhachan a bhuineas ris a' Ghàidhlig ann am Bile an Fhoghlaim atharrachadh feuch am bi còir laghail aig daoine air Foghlam tron Ghàidhlig air feadh Alba, fhad 's a tha iarrtas reusanta ann.

Thuirte Brus Robasdan, an Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh Eadar-amail aig Bòrd na Gàidhlig, agus e a' bruidhinn aig tachartas ann am Port Rìgh: "Tha seo a' ciallachadh gum bi na h-aon mhodhan-obrach ann air feadh na dùthcha nuair a thig gu bhith beachdachadh air iarrtasan airson Foghlam tron Ghàidhlig. Tha e a' ciallachadh gum feum na daoine a tha ag iarraidh Foghlam tron Ghàidhlig sealltainn gu bheil iarrtas reusanta ann, ach tha e cuideachd a' ciallachadh gum feum comhairlean diù cheart a thoirt do na h-iarrtasan sin agus gum feum iad dèiligeadh riutha ann an dòigh chunbhalach. Ach chan eil e a' ciallachadh gum feumadh comhairlean tòiseachadh a' fastadh thidsearan Gàidhlig nuair nach eil feum orra, mar a tha cuid a BhuPA air a ràdh.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' dol a dheasachadh Stiùireadh Reachdail a dhaingnicheas na cumhachan ann am Bile an Fhoghlaim, agus tha sinn ag iarraidh air comhairlean is buidhnean eile a dhol an sàs sa phròiseas sin."

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig steven@gaidhlig.org.uk no air 07595763071.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For Immediate Release

08/12/2015

Bòrd na Gàidhlig Welcomes A Stronger Education Bill

Bòrd na Gàidhlig has welcomed the Scottish Government's decision to amend the Gaelic provisions of the Education Bill and create an entitlement across Scotland for Gaelic-medium education, provided there is reasonable demand.

Bòrd na Gàidhlig's interim Head of Education and Learning, Bruce Robertson speaking at an event in Portree said: "This means that there will be a national approach to considering demands for Gaelic-medium education. It means that reasonable demand has to be demonstrated by those requesting Gaelic-medium education but it also means that councils have to treat such requests seriously and consistently. What it doesn't mean is that councils will unnecessarily have to start employing Gaelic teachers as some MSPs have reported.

Bòrd na Gàidhlig will prepare the Statutory Guidance which underpins the Education Bill and is involving councils and other bodies in this."

ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven Maclver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning 07595763071.